

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



****FO CHASG GU 00:01 AIR 11/03/2015****
****UNDER EMBARGO UNTIL 00:01 ON 11/03/2015****

PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

11/03/2015

An Ceannard ùr a' foillseachadh ro-innleachd ùr airson an dà bhliadhna air thoiseach

Thòisich Iain Caimbeul na dhreuchd mar Cheannard ùr aig Bòrd na Gàidhlig an t-seachdain seo. Aig coinneamh den Bhòrd air 04/03/2015, dh'aontaich iad ris an ro-innleachd ùir a chuir Mgr Caimbeul fon comhair a stiùireas obair a' Bhùird airson an dà bhliadhna air thoiseach agus an uair sin bidh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ùr air aontachadh.

Ceithir de na prìomh phuingean air an do bhruidhinn Mgr Caimbeul san taisbeanadh aige:

- Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig**

Thèid measadh eadar-amail a dhèanamh air a' Phlana a th' ann an-dràsta, agus thar nam mhìosan a tha ri thighinn nì am Bòrd coluadair ri coimhearsnachd na Gàidhlig air feadh Alba mar ullachadh deasachaidh mus tèid an dreachd den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig airson 2017-22 a dhealbh.

- Foghlam**

Bithear a' cur prìomhachas air a bhith toirt ro-innleachdan gu buil agus gan cur an gnìomh airson ire nan tràth-bhliadhnaichean, na h-àrd-sgoile agus airson inbhlich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.

Bidh am Bòrd a' dealbh Stiùireadh air Foghlam Gàidhlig airson aonta bho Mhiniestar agus airson a sgaileadh am measg Ùghdarrasan Foghlaim is buidhean buntainneach eile. Bidh an Stiùireadh feumail do phàrantan a tha am beachd iarrtas a chur a-steach airson Foghlam tron Ghàidhlig don chuid chloinne fo chumhachan Bile an Fhoghlaím (Alba) 2015, a bu chòir a bhith a' dol na lagh ann an 2016.

- Coimhearsnachdan**

Nì am Bòrd ath-sgrùudadh air na sgeamaichean a tha am Bòrd a' ruith aig ìre coimhearsnachd agus cruthaichidh iad ro-innleachdan ùra a bheir prìomhachas do dhaoine òga a tha nas òige na 30 bliadhna a dh'aois, teaghlaichean le clann òga agus coimhearsnachdan far a bheil comasan Gàidhlig aig 20% no barrachd den t-sluagh.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



• Com-pàirteachasan Ro-innleachdail

Togaidh am Bòrd air na com-pàirteachasan a th' againn mu thràth le buidhnean eile, leithid MG ALBA, HIE agus Alba Chruthachail, agus sinn a' toirt phlanaichean com-pàirteach gu buil a bhios a' dèanamh feum de neartan gach buidhne a tha ag obair ann an co-bhuinn. Bidh am Bòrd cuideachd a' togail air an obair a tha sinn a' dèanamh mu thràth an lùib Chom-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd sna h-Eileanan Siar agus ann an Roinn na Gàidhealtachd.

Thuirt am Ministear airson Ionnachsaidh, Saidheans is Cànanan na h-Alba, an Dr Alasdair Allan: "Tha mi a' guidhe gach soirbheas do dh'lain san dreuchd chudromach, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, far am bi e a' togail air an dileib a tha lain Aonghas air fhàgail. Às leth Riaghaltas na h-Alba, tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ris agus còmhla ris a' Bhòrd agus sinn a' sìor obair gus cor na Gàidhlig a chur am feabhas."

Thuirt Cathraiche Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnullach: "Tha sinn ro thoilichte fàilte a chur air lain mar Cheannard ùr Bhòrd na Gàidhlig, agus tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh dha sna bliadhnaichean a tha air thoiseach air. Tha am Bòrd, a tha air a bhith ann grunn bhliadhnaichean a-nis, deiseil airson cumail oirnn a' toirt taic don Ghàidhlig agus do mar a thig i am feabhas agus air adhart. Sheall lain aig coinneamh a' Bhùird seachdain sa chaidh (04/03/2015) ro-innleachd a fhuair aonta agus a stiùireas am Bòrd airson an dà bhliadhna a tha air thoiseach oirnn."

Thuirt Mgr Caimbeul: "Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh a bhith tòiseachadh mar Cheannard Bhòrd na Gàidhlig. Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith stiùireadh na buidhne, agus na dùblain a thig an cois sin, aig àm nuair a tha taic don Ghàidhlig a' dol am meud, aig gach ìre, agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith togail air na rudan a tha air soirbheachadh dhuinn thairis air na ceithir bliadhna a dh'fhalbh. Tha tòrr ri dhèanamh fhathast, ach le taic chunbalach bho Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean a tha ag obair ann an com-pàirt leinn, bu chòir dhuinn a bhith gu math dòchasach mu na tha san dàn don Ghàidhlig."

Tha Mgr Caimbeul a' dol an àite lain Aonghais MhicAoidh a tha leigeil dheth a dhreuchd aig deireadh a' mhìos, às dèidh dha a bhith na Cheannard air Bòrd na Gàidhlig airson ceithir bliadhna gu leth.

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaидh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios le ur toil gu Steven MacIomhair, Manaidear Corporra is Conaltradh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07595 763 071.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate Release

11/03/2015

New CEO confirms new strategy for the coming year

Iain Campbell this week took up his post as the new Ceannard (CEO) of Bòrd na Gàidhlig. At its meeting of 04/03/2015, the Bòrd agreed the strategy presented by Mr Campbell, which will take Bòrd activity forward for the next two years following which a new National Gaelic Language Plan will be in place.

4 of the main points highlighted in this presentation:

- **National Gaelic Language Plan**

The current Plan will be reviewed, and over the next few months the Bòrd will engage with stakeholders as a precursor to formulating a draft National Gaelic Plan for 2017-22.

- **Education**

Priority will be given to completing and implementing strategies for early years, secondary education and adult learning of Gaelic.

The Bòrd will draft Guidance on Gaelic education for Ministerial approval and circulation to Education Authorities and other relevant bodies. The Guidance will also be useful for parents when considering requesting Gaelic-medium education for their children in the context of the Education (Scotland) Bill 2015 which should be enacted in 2016.

- **Communities**


The Bòrd will review its funded community initiatives and will formulate new strategies giving priority to young people under 30 years of age, families with young children and communities where 20%+ of the population have Gaelic language abilities.

- **Strategic Partnerships**

The Bòrd will build on existing partnerships with, for example; MGALBA, HIE and Creative Scotland, to develop and implement joint strategies working to the strengths of each partner. The Bòrd will also build on existing involvement with Community Planning Partnerships in the Outer Hebrides and the Highland area.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Dr Alasdair Allan, Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, said: "I wish Iain every success in the important role of Ceannard with the Bòrd, building on the legacy of John Angus. On behalf of the Scottish Government, I look forward to working with him and the Bòrd in continuing growth of the Gaelic language."

Bòrd na Gàidhlig Interim-Chair, Allan MacDonald said: "We are pleased to welcome Iain as the new CEO of Bòrd na Gàidhlig and wish him all the best in the coming years. The Bòrd, which is now well established, is ready to continue in supporting the growth and development of the Gaelic language. At last week's Bòrd meeting (4/3/2015) Iain presented us with a strategy which was approved and which will guide the Bòrd through the next 2 years."

Mr Campbell said: "I am delighted take up the role at the Bòrd of Ceannard. I am relishing the challenge of managing the organisation at a time of growth in support towards the Gaelic language, at all levels, and I look forward to building upon the successes we have seen over the last 4 years. There is much still to achieve but with the continued support of the Scottish Government and our partner organisations, the future of Gaelic is very much a positive one."

Mr Campbell takes over the role from John Angus MacKay who will retire at the end of the month, having steered the Bòrd over the last 4 and a half years.

ENDS

For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 07595 763 071.